


Fhir A' Bhàta

Air

Arr. for pipes, Michael Kerr



Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Mo shoraidh slàn leat 's gach àit' an tèid thu

's tric mi sealltainn o 'n chnoc as àirde
Dh' fheuch am faic mi fear a' bhàta
An tig thu an-diugh no tig thu màireach?
's mur tig thu idir gur truagh a tha mi

Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Fhir a' bhàta, ...

's tric mi faighneachd de luchd nam bàta
Am fac' iad thu, no am bheil thu sàbhailt?
Ach 's ann a tha gach am dhiubh 'a ràitinn
Gur gòrach mise ma thug mi gràdh dhuit

Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Fhir a' bhàta, ...

Tha mo chrìdhe-sa briste, brùite
's tric na deòir a' ruith o m' shùilean
An tig thu nochd, no am bi mo dhùil riut
No an dùin mi an dorus le osna thùrsaich?

Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Fhir a' bhàta, ...

*) Sources: This Gaelic song is quite well known though I do not know how much it has been recorded. However, a sample is included on audio cassette tape provided with this package.